

# Na Mucan

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An t-Alltan 2008



# Caractaran

Muc 1 (Anna)

Neach-aithris

Muc 2 (Eairdsidh)

Madadh-allaidh

Muc 3 (Teàrlach)

**Neach-aithris:**

Bha siud ann reimhid trì mucan beaga.

**Muc 1:**

Anna.

**Muc 2:**

Eairdsidh.

**Muc 3:**

Agus Ronaldo.

*Tha Muc 3 mas fhìor a' breabadh ball-coise.*

**Muc 1:**

Ist. Chan e Ronaldo an t-ainm a th' ort.

*Tha Muc 3 a' coimhead brònach.*

**Neach-aithris:**

Obh obh. Tòisichidh sinn a-rithist. Bha siud ann reimhid trì mucan beaga.

**Muc 1:**

Anna

**Muc 2:** Eairdsidh

**Muc 3:** Agus Teàrlach.

**Neach-aithris:** Ach cha robh taighean aig na mucan bochda.

*Tha na trì mucan a' coimhead uabhsach brònach.*

**Neach-aithris:** Mar sin, thuir a' chiad mhuc...

**Muc 1:** Togaidh mise taigh dhomh fhìn! Togaidh mi taigh connlaich.

**Neach-aithris:** Thuir an dàrna muc...

**Muc 2:** Togaidh mise taigh dhomh fhèin cuideachd. Togaidh mi taigh fiodha.

**Neach-aithris:** Thuir an treas muc...

**Muc 3:** Cleachdaidh mise an t-airgead a th' agam airson taigh airson a dhol air saor-làithean gu Disneyland!

**Neach-aithris:** Gabh mo lethsgheil?

*Tha Muc 3 a' coimhead ciontach. Tha an neach-aithris a' leigeil osna.*

**Neach-aithris:** Thuir an treas muc...

**Muc 3:** Togaidh mise taigh dhomh fhìn cuideachd.  
Togaidh mise taigh breige.

**Neach-aithris:** Agus sin a rinn iad.

*Tha Muc 1 a' dèanamh mar gum biodh i a' togail taigh.*

**Muc 1:** Cleachdaidh mise tòrr mòr connlaich. Bidh an taigh agam brèagha!

*Tha Muc 2 a' dèanamh mar gum biodh i a' togail taigh.*

**Muc 2:** Cleachdaidh mise tòrr mòr fiodha. Bidh an taigh agamsa brèagha cuideachd.

*Tha Muc 3 a' dèanamh mar gum biodh i a' togail taigh.*

**Muc 3:** Cleachdaidh mise tòrr mòr breige. Bidh an taigh agamsa brèagha cuideachd ach cha chum mi e uabhasach sgiobalta. Agus cuiridh mi postair mòr de Ronaldo air a' bhalla agus cluichidh mi ball-coise A-STAIGH.

**Neach-aithris:** Tapadh leat. Bha na taighean uabhasach brèagha.  
Ach aon latha, cò thàinig don àite ach... AM MADADH-ALLAIDH MÒR UABHASACH!

**Muc 1:** Am madadh-allaidh?

**Muc 2:** Am madadh-allaidh mòr?

**Muc 3:** Am madadh-allaidh mòr uabhasach?

**Neach-aithris:** 'S e. Am madadh-allaidh mòr uabhasach. Agus thuirt esan...

**Madadh-allaidh:** Tha an t-acras orm ach chan eil sìon anns a' chidsin. Hmm... Dè nì mi? O, tha fhios agam. Ithidh mi SIBHSE!

*Tha na mucan a' sgreuchail agus a' ruith air falbh. Tha iad a' dèanamh mar gum biodh iad a' dùnadh nan dorsan às an dèidh.*

**Madadh-allaidh:** Seall. Taigh connlaich. Sèididh mise agus sèididh mi agus leagaidh mi an taigh seo! Ithidh mi thu, a mhuc bheag!

*Tha am madadh-allaidh a' sèideadh agus tha Muc 1 a' ruith air falbh.*

**Neach-aithris:** Thuit an taigh connlaich sìos! Ruith Anna aig peilear a beatha gu taigh Eairdsidh.

**Madadh-allaidh:** Seall. Taigh fiodha. Sèididh mise agus sèididh mi agus leagaidh mi an taigh seo! Ithidh mi sibh le chèile!

*Tha am madadh-allaidh a' sèideadh agus tha Muc 1 agus Muc 2 a' ruith air falbh.*

**Neach-aithris:** Thuit an taigh fiodha sìos! Ruith Anna agus Eairdsidh aig peilear am beatha gu taigh Ronaldo. Chan e ach taigh Theàrlaich.

**Madadh-allaidh:** Seall. Taigh breice. Sèididh mise agus sèididh mi agus leagaidh mi an taigh seo! Ithidh mi sibh uile!

*Tha am madadh-allaidh a' sèideadh agus a' sèideach ach chan eil sìon a' tachairt.*

*Tha Muc 3 a' dèanamh mar gum biodh e a' fosgladh bogsa-litreach san doras.*

**Muc 3:** Hallò? A Mhadadh-allaidh? Ma tha an t-acras ort, tha Pot Noodle agam an seo.

**Madadh-allaidh:** Chan ith mi sin! Tha mi ag iarraidh MUC!

**Muc 3:** Pot Noodle, no thalla dhachaigh!

**Madadh-allaidh:** Dè an seòrsa a th' ann?

**Muc 3:** Coiridh.

**Madadh-allaidh:** Och chan eil e fèir. Cha toil leam coiridh.

*Tha am Madadh-allaidh a' tionndadh 's a' falbh.*

**Neach-aithris:**

Cha tàinig am madadh-allaidh air ais a chaoidh tuilleadh. Bha na mucan glè shona san taigh bhreice. A' chrìoch.